

AINM: CLAS:

Ìre 6-7 Luchd-ionnsachaidh

Feòil a' Gheamhraidh

le Iain Moireach



Ach bha an cù math, bha athair eòlach is a' chaora a' fàs sgìth.

Obair Clas – Labhairt

An urrainn dhut smaoinichadh air rudan a bha thu ag iarraidh a dhèanamh nuair a bha thu òg is a dh'ionnsaich thu tro bhith a' coimhead do phàrantan no daoine eile nas sine na thu? Rudan coltach ri còcaireachd, dràibheadh, nursadh, a bhith nad smàladair, obair cruite no obair eile a bhiodh do phàrantan a' dèanamh.

Inns dhan chlas mu shuidheachadh sam bith anns an robh thu nuair a bha thu òg far an robh thu airson rudeigin a dhèanamh a bhiodh do phàrantan no inbhich eile ris. Uaireannan, aon uair is gu bheil thu air rudeigin a dhèanamh, chan eil e a' còrdadh riut cho math 's a bhiodh tu an dùil.

Ann am **Feòil a' Gheamhraidh**, tha gille òg a' leantainn athar a tha am beachd caora a mharbhadh airson biadh a chumail ris an teaghlach tro mhìosan a' gheamhraidh. Tha beachd a' ghille ag atharrachadh mar a thèid an sgeulachd air adhart agus 's dòcha nach eil an obair cho tlachdmhor 's a bha am fear òg an dùil.

Obair Aon-neach

Leugh an sgeulachd agus smaoinich air na ceistean a leanas:

Faclan

Dè tha iad seo a' ciallachadh? Ceangail facal/abairt sa chiad cholbh ri facal/abairt san dara colbh:

uspag	ball dhen chorp, aig mullach coise
sliasaid	socair
gamhlas	gun fhios
neartmhor	gearradh
aineolach	fuath, gràin
sgoltadh	gaoth bheag
stòlda	làidir



Ceistean

Obraich còmhla ri caraid.
Smaoinichibh air na freagairtean còmhla.

1. Carson a bha an gille beag airson gum faigheadh a' chaora às aig toiseach na sgeòil?
2. "Bha beanntan an iar-dheas mar-thà a' cnàmhadh na grèine." Ciamar a tha an ìomhaigh seo a' toirt dealbh dhuinn dhen latha a' fàs nas giorra?
3. Tagh earrann bhon sgeulachd a sheallas gun robh a' chaora rag agus nach deigheadh i ach far an robh i airson a dhol.
- 4a. Dè thachair nuair a dh'fheuch an gille beag ri grèim fhaighinn air a' chaora?
 b. Ciamar a bha e a' faireachdainn mun chaora nuair a dh'èirich e?
5. Dè an uidheamachd a bha gu bhith aca airson na h-obrach?
6. Ciamar a tha e follaiseach nach robh an gille airson mionaid de na bha a' dol air adhart a chall?
- 7a. Dè chuir iongnadh air a' ghille nuair a dh'fheuch e ris a' chaora a chumail stòlda air a' bhòrd?
 b. Saoil carson a chuir seo dragh air a' ghille?
8. Ciamar a tha athair ag obair fhad 's a tha e a' marbhadh na caora?

Tagh trì faclan bhon liosta airson seo a mhìneachadh:

sgileil eòlach teagmhach cliobach eagalach cinnteach

9. Carson nach do ghluais an gille fhad 's a bha athair ag obair air a' chaora?
10. Dè tha cudromach mun loidhne, "rinn e cigarette eile, breac-dhearg"?
- 11a. Carson a sheall an gille air làmh athar nuair a chuir e air a ghualainn i aig deireadh na sgeòil?
 b. Carson a tha cùisean air atharrachadh eatarra bho thoiseach na sgeòil?

A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd ag ainmeachadh na leanas:

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
2. An suidheachadh a tha a' nochdadh san sgeulachd.
3. Na caractaran – na dìochuimhnich a' chaora fhèin! Ciamar a tha ceanglaichean ag atharrachadh mar a thèid an sgeulachd air adhart?
4. Ciamar a tha an t-ùghdar a' dèiligeadh ri bàs na caora? Carson a tha e cudromach dhan sgeulachd gu bheil faireachdainnean a' ghille ag atharrachadh tron stòiridh?
- 5a. Dè am feum a tha e a' dèanamh dhan stòiridh gum faic sinn na tha a' tachairt tro shùilean a' ghille?
- b. Cò an aon character nach eil ag atharrachadh idir san sgeulachd? Carson?
6. Ciamar a tha gnothaichean air atharrachadh dhan ghille aig deireadh an stòiridh?
7. Dè a' bhuidhe a bh' aig an sgeulachd ortsa mar leughadair? Mìnich do fhreagairt.



B' e latha soilleir geamhraidh a bh' ann is beanntan an iar-dheas mar-thà a' cnàmhadh na grèine.